



Lesson 13: Boban Saor

Air ath-innse le Catriona Lexy Chaimbeul

Tar-sgrìobhadh

Tha e air ràdh gur e saor fìor ainmeil a bh' ann am Boban Saor, agus an dèis dha an t-saorsainneachd a theagasg dhan ghille aige, bhiodh an dithis aca a' siubhal gu àite sam bith anns am biodh iarraidh air an cuid sgilean.

Uair a bha seo, fhuair iad obair bho Rìgh Lochlainn, agus dh'fhàg an dithis aca Alba 's rinn iad air Lochlann gus an t-saorsainneachd a dhèanamh.

Ge-tà, mus do dh'fhalbh iad thug a bhean comhairle do Bhoban Saor, agus b' e sin, dèanamh cinnteach gum biodh leannan-falaich aige. 'S e bha sin ach cuideigin a dh'innseadh dha a h-uile rud a bha a' dol ach gun fhios do dhuine sam bith eile.

Nuair a ràinig an saor 's a mhac Lochlann, thòisich iad air an obair, agus fhuair Boban Saor leannan-falaich dìreach mar a chomhairlich a bhean dha. Bhiodh e a' coinneachadh rithe an-dràsta 's a-rithist, agus bhiodh iad a' bruidhinn air gach nì a bha a' dol san àite. Bha fios aig an leannan-falaich mun a h-uile naidheachd a bha ri chluinntinn.

Aig an aon àm, bha an obair a' dol air adhart gu math agus cha b' fhada gus an robh an t-saorsainneachd gu lèir gus a bhith dèanta.

Co-dhiù, am feasgar a bha seo chaidh Boban Saor a choinneachadh ris an leannan-falaich, agus cha robh i idir ann an deagh shunnd; 's ann a bha i brònach seach mar a b' àbhaist dhi a bhith.

"Tha thu uabhasach mì-thoilichte," thuirt Boban Saor rithe.

"Chan eil sin na iongnadh," thuirt ise ris. "Tha eòlas agam nach eil agadsa air naidheachd, agus 's ann air a sgàth sin a tha mi cho duilich."

"Dè an naidheachd a tha sin?" dh'fhaighnich Boban Saor dhi.

"Ò," ars an leannan-falaich, "leis an obair a ghabh sibh os làimh a-nise gus a bhith deiseil, 's e a tha ann am beachd an Rìgh ach cur às dhan dithis agaibh. Air an dòigh seo chan fheum e ur pàigheadh. Nan dèanadh sibhse oidhirp gus sibh fhèin a shàbhaladh, bhithinn-sa glè thoilichte."

"Tha mise glè thoilichte gun do dh'inns thu sin dhomh," thuirt Boban Saor. "Feuchaidh mise ri dòigh fhaighinn air sin a dhèanamh. Cò aige tha fios ciamar a thèid leam."

An-ath-latha no gu luath às dèidh sin, chaidh Boban Saor a bhruidhinn ris an Rìgh. Dh'inns e dha gun robh an obair gus a bhith deiseil, ach gur e am pìos obrach a bha gun chrìochnachadh am pìos a bu chudromaiche air fad. Thuirte ris gun robh an obair seo uabhasach fhèin doirbh a choileanadh às aonais pìos uidheamachd a dhìochuimhnich e a thoirt leis bhon taigh, agus gun fheumadh e a dhol air ais ga iarraidh.

'S ann a fhreagair an Rìgh: "Ò cha tèid sibhse a dh'iarraidh an stuth sin idir. Gheibh sinn feadhainn eile a thig ann n-aite."

"Ge-tà," thuirte Boban Saor, "cha chuirinn m' earbsa ann an duine sam bith eile leis an uidheamachd sin oir tha luach mòr innte." "Ach," thuirte Boban Saor an uair sin, "cuiridh mi m' earbsa ann an aon duine a-mhàin airson an uidheamachd fhaighinn, agus 's e sin an gille agaibh fhèin."

Dh'aontaich an Rìgh gun leigeadh e le a mhac fhèin a dhol a dh'iarraidh an stuth saorsainneachd air an robh feum.

"Agus," thuirte Boban Saor, "bheir mi dha litir airson a thoirt dha mo bhean. Sgrìobhaidh mi i agus dùinidh mi fhìn i, agus cha bhi càil aigesan ri dhèanamh nuair a ruigeas e ach an litir a chur ann an làmhan mo bhean. Tuigidh ise sa bhad dè an uidheamachd air a bheil feum, agus bheir i sin dha gus a thoirt thugam."

Sgrìobh e fhèin an litir, dhùin e i agus thug e leis i gu mac an Rìgh. Dh'fhalbh mac an Rìgh sa bhad a dh'Alba a dh'iarraidh an stuth saorsainneachd a dh'fheumadh Boban Saor. Ràinig e an taigh aig Boban Saor far an do choinnich e ri bhean, agus thug e dhi an litir.

Leugh ise an litir agus seo na bha sgrìobhte:

"Tha car mu char, agus tha car an aghaidh cuir
Agus na tigeadh an acfhainn bheag a-nall
Gus an tèid an acfhainn mhòr a-null."

Thuig i sa bhad dè bu chiall dha na faclan agus dè bha Boban Saor ag iarraidh oirre a dhèanamh.

"Thig thusa a-steach," thuirte i ri mac an Rìgh.

Lean esan i a-steach dhan taigh, agus sheall i seòmar dha far an suidheadh e. Cho luath 's a fhuair i ann e, dh'fhàg i fhèin an seòmar agus ghlas i an doras.

An uair sin sgrìobh i litir gu Rìgh Lochlainn agus thuirte i ris: "Tha do mhac agamsa an seo na phrìosanach, agus chan fhaigh e às an seo gus an cuir thusa dhachaigh mo chompanach sàbhailte, agus leis a h-uile sgillinn a choisinn e."

Fhuair Rìgh Lochlainn an litir agus thuig e gun d' fhuair Boban Saor a-mach dè bha san amharc aige. Cha robh dol às aige ach Boban Saor agus a mhac a phàigheadh, agus an leigeil dhachaigh sàbhailte gu Alba.

Nuair a ràinig an dithis acasan an dachaigh sàbhailte, chaidh cothrom a thoirt do mhac Rìgh Lochlainn tilleadh gu dhachaigh fhèin cuideachd.